



# UHI

## Plana Ro-innleachdail 2030

Far a bheil ionnsachadh a' ciallachadh barrachd

# Facal-toisich

**Tha UHI na stèidheachd treas ìre a tha aithnichte air feadh an t-saoghail, agus tha sinn bròdail gàirdeachas a dhèanamh ris an t-sàr chom-pàirteachas againn de cholaistean, stèidheachdan rannsachaidh iomraiteach agus ionadan teagaisg speisealaichte. Tha barrachd annainn na dìreach oilthigh traidiseanta — agus sinn a' toirt seachad an dà chuid foghlam adhartach is àrd-ìre, rannsachadh aig ìre chruinneil, agus iomlaid eòlais bheothail tarsainn 48 suidheachadh air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Mhoireibh agus Shiorrachd Pheairt. Tro na lìonraidhean, na co-oibreachaidhean is a' bhuidhe againn, tha UHI a' ceangal nan sgìrean againn ris an t-saoghal — agus a' toirt an t-saoghail chun nan sgìrean againn.**

Tha ar feallsanachd stèidhichte air na luachan bunachaidh againn a bhith a' cruthachadh foghlam seasmhach do dh'oileanaich de gach aois is comas. Is e as bunait don ghnàths seo ar misean a bhith a' toirt buaidh chruth-atharrachail air na daoine, na coimhearsnachdan is an t-eaconamaidh againn. Tha meas thar tomhais againn air na sgìrean againn, agus bidh sinn a' nochdadh an dealais a th' againn

tron fhèin-fhiosrachadh oileanaich barraichte againn agus le bhith a' tairgsinn ionnsachadh sùbailte is le taic o ìre inntrigidh gu PhD, agus sinn a' liubhairt phrògraman sgilean is preantasachd dìreach a tha ceangailte ris an iarraidh a thaobh feachd-obrach, uile taobh a-staigh den aon stèidheachd.

Tha e mar phàirt bhunaiteach den mhisean againn a bhith ag iomain foghlam is rannsachadh co-chruthaichte, agus ar cruth-tìre, ar dualchas is ar cultaran a' cur ris, rud a nì cinnteach gum bi na toraidhean ionnsachaidh gun choimeas. Tha sinn cuideachd dealasach a bhith a' cur taic ris na cànaichean, na dualchainntean is na cultaran air fad air feadh nan sgìrean againn, agus a' Ghàidhlig agus an cultar a bhoineas dhi nam measg. Air feadh sgìre-obrachaidh UHI tha ionadan againn anns am faighear sàr-mhathas is smaointeachadh aig ìre chruinneil a tha a' toirt leudachadh air crìochan eòlas acadaimigeach is gnìomhaichte, far a bheil luchd-obrach, oileanaich, gnìomhachas agus coimhearsnachdan a' co-obrachadh a dh'iomain ùr-ghnàthachadh is dhòighean-smaointeachaidh ùra.

Is e oilthigh air leth a th' ann an UHI, far a bheil ionnsachadh gu fìor a' ciallachadh **barrachd**.

Tha UHI a' toirt a-steach foghlam is rannsachadh tarsainn farsaingeachd mhòr de chuspairean o na h-ealain is na daonnachdan gu na saidheansan is gnothachas. Tron chom-pàirteachadh a th' againn ri luchd-ùidhe, gnothachas is gnìomhachas tha sinn ag iomain fàs eaconamach, ag uisneachadh foghlam, iomlaid eòlais agus rannsachadh den t-seòrsa as adhartach gus am bi piseach air na gnothachasan is an gnìomhachas againn. Bidh an t-oilthigh ag obair mar chatailiche an dà chuid airson taic a thoirt don eaconamaidh agus a bhith na bhunait do dh'atharrachadh sòisealta le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi pìob-sholair de thàlant tionnsgaineach sgileil ann tron churaicealam ùr-ghnàthach againn a chumas sùil ris an àm ri teachd.

Togaidh an ro-innleachd 2030 againn air an t-soirbheachadh a bh' againn gu ruige seo is adhartachidh i an t-àrd-amas a th' againn tarsainn còig prìomh chuspairean ro-innleachdail: teagasg, ionnsachadh is taic do dh'oileanaich; buaidh rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh; iomairt is fàs; seasmhachd àrainneachdail; agus sàr-mhathas obrachail.

Feadh rè na ro-innleachd seo, smaointichidh, planaidh is gnìomhaichidh sinn mar aon stèidheachd ann a bhith a' toirt gu buil a' mhisein is na lèirsinn againn, agus mar bhunait do na cuspairean ro-innleachdail againn bidh cruth-atharrachadh nach beag

air feadh na stèidheachd againn gus an coileanar sàr-mhathas obrachail agus seasmhachd ionmhasail tro bhuidheann nas seanga, nas èifeachdaiche agus nas buadhmhoire.

Ann a bhith a' ruigsinn air an àrd-amas againn, bidh an ro-innleachd seo na sgrìobhainn bheò air an toir sinn freagarrachadh, lùbadh is atharrachadh gus an riaraich sinn feuman atharrachail nan oileanach, an luchd-obrach agus an luchd-ùidhe againn agus ro-innleachd a bhios co-fhreagrach air fàs eaconamach agus atharrachadh sa chomann-shòisealta.

Tha an ro-innleachd againn a' gabhail a' chuid as fheàrr de ar cliù acadaimigeach, ar rannsachadh aig ìre chruinneil agus ar n-eachdraidh

bhròdail de thrèanadh dreuchdail, a cheangal saoghal an fhoghlaim ri saoghal na h-obrach, gar fighe fhèin ri gnothachas is gnìomhachas, air stèidh nan luachan a th' againn mar oilthigh, is e sin co-obrachadh, fosgarrachd, spèis is sàr-mhathas. Bidh saoghal na h-obrach san àm ri teachd ag iarraidh oirnn air fad a bhith ag ionnsachadh fad na h-ùine, mar sin ge sam bith dè an ìre aig a bheil na h-oileanaich againn nam beatha no dè an teisteanas làithreach aca, bheir sinn an cothrom do a h-uile duine na sgilean aca a chumail bointeach is ùraichte mar phàirt den turas-ionnsachaidh aca.



**Vicki Nairn**  
Prionnsapal is Iar-Sheansalair UHI



# Misean

Buaidh chruth-atharrachail a thoirt air na tha san amharc don sgìre againn, cho math ris an eaconamaidh, na daoine is na coimhearsnachdan aice.

# Lèirsinn

Tàlaidh sinn, altraimidh sinn is gleidhidh sinn tàlant sna coimhearsnachdan againn tro bhith a' liubhairt ionnsachadh fad beatha so-ruigsinneach, sgilean obrach is rannsachadh buadhmhor ann an dòigh ùr-ghnàthach, a' toirt taic do dh'ùr-ghnathachadh agus piseach sòisealta is eaconamach.

Tro shuidheachadh sònraichte air:


Ar dealas a thaobh comas cosnaidh oileanach, far a bheil eòlas proifeasanta agus/no stèidhichte air obair aig a h-uile oileanach foghlaim àrd-ìre làn-ùine.

Ar dòigh-obrach **S**aidheans, **T**eicneòlais, **I**nnleadaireachd, **E**alain agus **M**atamataig a thaobh curraicealam ioma-chuspaireil, a' toirt a-mach na ceumnaichean as proifeiseanta agus as sùbailte.

Ar dreuchd aig fìor thoiseach dì-charbonachadh an eaconamaidh tro ar dòighean-obrach ùr-ghnàthach a thaobh curraicealaim, rannsachaidh agus co-obrachaidhean.

Ar ceannardas ann a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail is eileanach seasmach gus cothroman eaconamach is cultarail a mheudachadh.

Ar dòigh-obrach cho-obrachail, air a stiùireadh le com-pàirtichean, gus freagairt a thoirt do fheumalachdan ar coimhearsnachdan.



Nì sinn dhinn fhèin:

- + Roghainn nan ceann-uidhe do luchd-ionnsachaidh le bhith a' toirt freagairt air feuman sgèireil nan coimhearsnachdan is nan gnothachasan againn agus tro bhith a' leasachadh an t-suidheachaidh nàiseanta is chruinneil againn sna raointean den churaicealam is an rannsachadh a tha nan neart dhuinn.
- + Roghainn nan com-pàirtichean do dh'fhaisteachan is luchd-ùidhe san sgìre agus nas fhaide às tro bhith a' toirt leudachadh air co-obrachaidhean bointeach aig an ìre nàiseanta is cruinneil.
- + Roghainn nam fastaichean far am bi luach air a chur air daoine, is iad air an taiceadh is air an cliùiteachadh mar aon de na buannachdan as motha a th' againn.

Air stèidh  
sàr-mhathas obrachail,  
smaointichidh, planaidh is  
gnìomhaichidh com-pàirtichean  
acadaimigeach UHI mar aon ann  
a bhith a' toirt gu buil a' mhisein is  
na lèirsinn againn.

# Luachan bunaiteach

---

## Co-obrachadh

Is luachmhor leinn daoine a bhith ag obair còmhla gu toileach is gu gnìomhach air gnothaichean cumanta a chionn's gu bheil sinn ag iarraidh a bhith nar buidheann nas co-cheangailte.

## Fosgarrachd

Is luachmhor leinn àrainneachd anns am bi co-oibrichean is oileanaich a' pàirteachadh smaoineasan is a' conaltradh gu soilleir. Is e ar rùn gum bi e soirbh do dhaoine tighinn ar n-ionnsaigh agus a bhith a' brosnachadh càch pàirt a ghabhail ann an còmhradh agus an guth a thogail agus bidh sinn a' dèanamh cinnteach gum mothaich càch gu bheil luach ga chur air na th' aca ri a ràdh.

## Spèis

Bidh sinn a' cur luach air càch san àite obrach, a' cuimhneachadh air comasan, seallaidhean is eachdraidhean a chèile, is a' toirt an aire air a' bhuidheann a th' againn air càch.


## Sàr-mhathas

Is luachmhor leinn a bhith gnothachail san obair againn le bhith a' gabhail uallach oirnn fhèin airson an dèanadais is a' ghiùlain againn, is bidh sinn a' dèanamh gàirdeachas le chèile ris na choileanas sinn fhèin agus na h-oileanaich is na ceumnaichean againn.



# Cò sinn

Is e a th' ann an UHI com-pàirteachas colaiste is oilthigh sgìreil, a tha a' frithealadh air coimhearsnachdan na Gàidhealtachd is nan Eilean, Mhoireibh agus Shiorrachd Pheairt.




Tha am mapa seo airson adhbharan mineachaidh, a' frithealadh mar riochdachadh lèirsinneach de na diofar àiteachan againn. Nach tadhail thu air [www.uhi.ac.uk/en/campuses](http://www.uhi.ac.uk/en/campuses) airson làn fhiosrachadh mu na h-àrainnean againn uile.

Ma tha tuilleadh cheistean agad mu na mapaichean, cuir fios gu [brand@uhi.ac.uk](mailto:brand@uhi.ac.uk)



# Na feartan againn



## Àite anns am faighear ionnsachadh co-cheangailte

Bidh sinn a' gabhail a' chuid as fheàrr de ar cliù acadaimigeach fhàsmhor, ar rannsachadh aig ìre chruinneil agus ar n-eachdraidh bhròdail de thrèanadh dreuchdail, a cheangal saoghal an fhoghlaim ri saoghal na h-obrach.

Bidh sinn a' toirt a-steach sàr-eòlaichean o ghnìomhachas gus am bi sinn cinnteach gu bheil na cùrsaichean againn a' teagasg nan sgilean a tha fastaichean ag iarraidh agus gan càraideachadh seo ri àrd-amasan nan oileanach againn. Tha am modh-obrach ionnsachaidh cho-mheasgaichte a tha air a stèidheachadh againn a' co-cheangal coimhearsnachd nan oileanach againn ann an seo agus air feadh an t-saoghail.

## Sgìrean anns am faighear rannsachadh aig an ìre chruinneil

Air feadh na sgìre againn air fad tha ionadan againn anns am faighear sàr-mhathas is smaointeachadh aig ìre chruinneil a tha a' toirt leudachadh air crìochan eòlas acadaimigeach is gnìomhaichte, far a bheil luchd-obrach is oileanaich a' cluich pàirt ann a bhith a' toirt atharrachadh air na sgìrean againn agus an saoghal.

## In-ghabhalach

Tha sinn bròdail a bhith diofraichte. Far a bheil ionnsachadh a' ciallachadh barrachd. Tha sinn a' tairgsinn ionnsachadh sùbailte is le taic o ìre inntrigidh gu PhD. Far am faod oileanaich tòiseachadh far am feum iad agus leantainn orra cho fada's a thogras iad aig astar a tha ceart dhaibh fhèin; agus sin air fad taobh a-staigh den aon stèidheachd.

Bidh saoghal na h-obrach san àm ri teachd ag iarraidh oirnn a bhith ag ionnsachadh fad na h-ùine, mar sin ge sam bith dè an ìre aig a bheil iad nam beatha no dè an teisteanas làithreach aca, bheir sinn an cothrom do a h-uile duine na sgilean aca a chumail bointeach is ùraichte.

## Taiceil, coibhneil is pearsanta

Bidh sinn a' toirt ùine a chuideachadh leis na h-oileanaich againn amas air an turas shònraichte fhèin mar ionnsaichear. Tha meas againn thar tomhais chan ann air ar n-oileanaich is ar luchd-obrach a-mhàin ach cuideachd air ar sgìrean, ar daoine, ar coimhearsnachdan agus am piseach a bhios ann dhuinn san àm ri teachd.

Tha sinn a' creidsinn gu bheil còir aig a h-uile duine mothachainn gu bheil luach ga chur orra, chan e dìreach dleastanas beusail a tha san dealas a th' againn airson co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhail (III), tha e do-sheachanta cuideachd airson an amais againn a bhith a' solar chothroman ionnsachaidh sùbailte agus le taic.

## San dùthaich as bòidhche air an t-saoghal

Cuiridh sibh eòlas air dùthaich, dualchas is cultar mu ur timcheall a tha iongantach fhèin is a bheir togail-inntinn is bidh bòidhchead is stòrasan nàdarra na h-Alba ri am faotainn dhuibh leis na cothroman gun chrìoch a thairgeas iad.

# Ar prìomhachasan

UHI

## Teagasg, ionnsachadh agus taic do dh'oileanaich

Curaicealam co-cheangailte de chàileachd àrd a thoirt seachad air a thogail air turas an ionnsaicheir a phearsantachadh, a' toirt barrachd roghainnean is chothroman do bharrachd dhaoine.

Ar cliù is ar ruigsinn a mheudachadh tro ar curaicealam sònraichte, ar com-pàirteachasan ri gnothachas is gnìomhachas, ar liubhairt ùr-ghnàthach agus fèin-fhiosrachadh is soirbheachadh nan oileanach againn.

## Buaidh rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh

Buaidh an rannsachaidh againn a leasachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil e air a rangachadh gu h-eadarlàiseanta, air a cheangal ri gnìomhachas agus air thoiseach aig an ìre chruinneil.

A bhith a' meudachadh ar cliù nàiseanta is eadarlàiseanta tro shàr-mhathas rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh agus a' leudachadh nan raointean rannsachaidh againn ann an earrainnean neirt a tha a' tighinn am bàrr agus aig a bheil fòcas sgìreil le ruigsinn chruinneil.

## Iomairt is fàs

A bhith a' gabhail ri spiorad tionnsgaineach stèidhichte air fàs eaconamach làidir don stèidheachd is na coimhearsnachdan againn, a toirt fàs agus eugsamhlachadh air sluagh nan oileanach againn, a' liubhairt sgilean ùr-ghnàthachaidh, so-fhastachd is iomairt agus a' toirt taic do dh'ùr-ghnàthachadh.

A bhith a' meudachadh an aithneachaidh a th' ann air an t-suidheachadh againn mar stèidheachd acrach a' toirt taic do na coimhearsnachdan againn, a' dealbhadh fhuasglaidhean a leanas o sgilean is eòlas agus a' toirt buaidh air poileasaidh sgìreil is nàiseanta.

## Seasmhachd àrainneachdail

A bhith nar stèidheachd sheasmhach is cùramach a thaobh a' chomainn-shòisealta, a cur ri seasmhachd nan coimhearsnachdan, an eaconamaidh is na planaid againn.

A bhith a' meudachadh na mothachainn a th' ann air a' phàirt theis-meadhanach is cruth-atharrachail a chluicheas sinn ann a bhith a' dì-charbonachadh an eaconamaidh agus ag adhartachadh Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte sna coimhearsnachdan againn agus nas fhaide às.

## Sàr-mhathas obrachail

A bhith nar buidheann làn amalaichte, sheasmhach is a h-aire air daoine.

A bhith a' meudachadh an aithneachaidh a th' ann air UHI le maoinichearan is luchd-ùidhe mar bhuidheann a tha seasmhach a thaobh ionmhais agus fo dheagh riaghladh.



# Teagasg, ionnsachadh is taic

Bidh sinn aithnichte airson an teagaisg is an ionnsachaidh chruthachail, ùr-ghnàthaich againn a chuireas oileanaich sa mheadhan agus a bheirear seachad tro churaicealam ùr-nodha le comas digiteach, ann an àrainneachd in-ghabhalach is togarrach ge sam bith dè modh, ìre no suidheachadh an ionnsachaidh.

Bidh sinn air thoiseach a thaobh foghlam STEAM (Saidheans, Teicneòlas, Innleadaireachd, Ealain agus Matamataig) le curaicealam ioma-chuspaireach a chuireas a-mach ceumnaichean iomlanach, seasmhach.

Bidh sinn aithnichte airson an t-sàr-mhathais againn ann a bhith a' toirt taic do chom-pàirteachadh, soirbheachadh, fèin-leasachadh agus leas oileanaich.



# Teagasg, ionnsachadh is taic

## Na tha sinn a' cur romhainn

### Curaicealam

- + Curaicealam co-leantainneach, costas-èifeachdach, bointealach a chruthachadh a neartaicheas an t-suidheachaidh fharpaisich againn agus a bheir am piseach as motha a ghabhas air trusadh oileanaich.
- + Slighean ionnsachaidh amalaichte a thairgsinn on sgoil gu foghlam adhartach is àrd-ìre, ag uisneachadh chasanan acadaimigeach agus dreuchdail gus am bi an cothrom as motha a gabhas aig a h-uile duine, a' cuideachadh le luchd-ionnsachaidh an comasachd a thoirt gu buil agus leantainn orra do chinn-uidhe fhàbharach.
- + A bhith a' co-obrachadh le ar n-oileanaich, ar coimhearsnachdan is ar com-pàirtichean ann an gnìomhachas gus am bi an curaicealam againn co-fhreagrach air na feuman aca agus a rèir phrìomhachasan ionadail, nàiseanta agus eadarnàiseanta.

### Ionnsachadh is teagasg a chur am feabhas

- + Na h-oileanaich againn a chur an sàs ann an gnìomhachdan is fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh a chuireas taic ris na h-àrd-amasan aca agus a dh'ullaicheas iad airson an ath cheuma.
- + Na h-oileanaich againn a chomasachadh is a thairgsinn a bhith a' dealbhadh is a' toirt buaidh air na fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh aca ann an dòigh fhàbharach.
- + Teicneolasan agus àitichean ionnsachaidh, teagaisg is measaidh digiteach a chur gu feum a chuideachadh le luchd-ionnsachaidh a bhith a' gabhail pàirt ann am fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh a bhios brioghmhor is co-cheangailte.
- + Glusad a dh'ionnsaigh aon àrainneachd leasachaidh treas ìre do dh'fhoghlam adhartach is àrd-ìre.
- + Cultar leasachadh càileachd a chumail suas tarsainn a h-uile gnìomhachd a chuireas am feabhas fèin-fhiosrachadh nan oileanach, a chuireas ri soirbheachadh nan oileanach agus a leigeas leis na h-oileanaich air fad an làn chomasachd a thoirt gu buil.

### Na dh'fhiosraicheas na h-oileanaich

- + A bhith a' leasachadh is ag adhartachadh a' chliù a th' againn airson sàr-mhathas anns na dh'fhiosraicheas na h-oileanaich againn agus an taic a gheibh iad air feadh turas an oileanaich, rud a bhios ri fhaicinn ann an ìrean nas àirde de riarachadh, coileanadh agus toraidhean fàbharach am measg nan oileanach.
- + A bhith ag obair ann an com-pàirteachas ri Comann Oileanaich na Gàidhealtachd agus nan Eilean (HISA) a dhol an conaltradh gu for-ghnìomhach ri guth nan oileanach, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig an luchd-ionnsachaidh againn air fad air taic air leth san fhoghlam agus an leas aca.

### Cànan is cultar na Gàidhlig

- + Brosnaich cànan is cultar na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan againn tro churraicealam, rannsachadh agus eòlas nan oileanach.
- + Aithnich agus taic a thoirt don iomadachd chànanach is chultarail thar ar roinnean.

### Toraidhean air chionn 2030

- + A bhith mar roghainn nan ceann-uidhe do luchd-ionnsachaidh ùr.
- + Barrachd oileanaich a thàladh o bhuidhnean iol-ghnèitheach no buidhnean a tha gann ann an riochdachadh.
- + Curaicealam a sholar anns am bi feuman nan oileanach againn san teis-meadhan le fòcas air an turas-ionnsachaidh aca.
- + Ionnsachadh fad beatha agus sgilean a sholar a bhios bointealach agus co-fhreagrach a thaobh an fheuma a tha a' tighinn am bàrr aig an ìre sgìreil, nàiseanta agus eadarnàiseanta.
- + Àrainneachd ionnsachaidh fhiosaigeach agus digiteach de chàileachd àrd a sholar.

### Tomhasan

- + Riarachadh oileanaich
- + Soirbheachadh oileanaich
- + So-fhastachd oileanaich
- + Cothrom-inntrigidh oileanaich


### Ro-innleachdan le fòcas

- + Ionnsachadh is teagasg a chur am feabhas
- + Curaicealam
- + Na dh'fhiosraicheas oileanaich agus taic do dh'oileanaich

# Slighean inntrigidh agus adhartais UHI

A bhith a' solar shlighean neo-bhrìste agus a' cur às do chnapan-starra do dh'oileanaich, a' leigeil leotha amas air an turas shònraichte aca fhèin mar luchd-ionnsachaidh.

Ìre SCQF



Mura b' e UHI cha b'urrainn dhomh mo phreantasachd a chosnadh. Thòisich e air fad nuair a chuir mi crìoch air cùrsa innleadaireachd ceangal ri sgoiltean is mi fhathast san sgoil. Lean sin air aghaidh gu teisteanas nàiseanta agus an sin fad an rathaid gus an do cheumnaich mi ann an innleadaireachd dealain is eileagtronaigeach. Tha mi cho fada an comain UHI.

Liam Elder  
Ceumnaiche BEng (Ile Urram) ann an Innleadaireachd Dealain is Eileagtronaigeach







# Buaidh rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh

Bidh sinn aithnichte airson ar rannsachadh is ar n-iomlaid eòlais a bhios buadhmhor, de dh'inbhe chruinneil agus sàr-mhath aig ìre eadarnàiseanta, is iad air an deachdadh leis an àrainneachd is an cultar againn agus a' toirt taic do dh'in-shealbh don sgìre.

Le bhith a' leasachadh nan neartan rannsachaidh againn is a' cur ri ar co-obrachaidhean is ar ceangal ri gnìomhachas, cuidichidh sinn le dùbhlain chruinneil chudromach.

# Buaidh rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh

## Na tha sinn a' cur romhainn

### Sàr-mhathas is buaidh

- + Meudachadh a thoirt air a' chuibhreann den toradh rannsachaidh againn a dh'aithnichear mar bharraichte aig an ìre eadarnàiseanta agus air thoiseach aig an ìre chruinneil.
- + Leudachadh a thoirt air na raointean rannsachaidh againn, agus sinn ag aithneachadh raointean neirt a tha a' tighinn am bàrr, a cur fòcas air buaidhean matha do na coimhearsnachdan againn agus a' toirt buaidh dhìreach air gnìomhachd ùr-ghnàthachaidh ann an earrainnean cudromach.
- + Taic a thoirt do shàr-mhathas rannsachaidh tro bhith a' toirt fàs ar comas luchd-obrach a bhith nan stiùirichean rannsachaidh.
- + Malairteachadh nas fheàrr a chur an gnìomh air toradh rannsachaidh is iomlaid-eòlais.
- + Fàs a thoirt air mothachadh is conaltradh a thaobh an t-sàr-eòlais, nan com-pàirteachasan is an t-soirbheachaidh a th' againn ann an rannsachadh.
- + A bhith a' solar tasgadh ro-innleachdail ann an oileanachasan PhD co-cheangailte ris a' phlana Frèam-obrach Sàr-mhathais Rannsachaidh (REF) leasachadh againn.

### Àrainneachd rannsachaidh

- + Àrainneachd rannsachaidh bheothail a chruthachadh a thogas air na neartan a th' againn le chèile, a chuireas taic ri ùr-ghnàthachadh, agus a chruthaicheas cothroman airson gnìomhachd eadar-chuspaireil.
- + Fàs a thoirt air cultar san stèidheachd anns am bi luchd-obrach acadaimigeach a' dol an sàs gu gnìomhach ann an rannsachadh is sgoilearachd a chuireas ri mathas a' churaicealaim agus ris na dh'fhiosraicheas oileanaich.
- + Sgeama sàbaideach seasmhach a chur air bhonn do luchd-rannsachaidh cho math ri prògram de leasachadh dreuchdail is trèanadh, a' gabhail a-steach cothroman do luchd-obrach sheirbheisean proifeiseanta a bhith a' meudachadh a' mhothachaidh a th' ann air na gnìomhachdan is na h-àrd-amasan rannsachaidh againn.



### Outcomes by 2030

- + An cliù a th' againn airson rannsachadh a chur nas àirde fhathast.
- + A bhith aithnichte airson na h-àrainneachd rannsachaidh làidir is beothail a th' againn do dh'oileanaich is luchd-obrach.
- + A bhith mar roghainn com-pàirtiche ann an co-obraichean nàiseanta agus cruinneil.
- + Eugsamhlachadh a thoirt air an teachd a-steach o rannsachadh is iomlaid eòlais.
- + Malairteachadh nas fheàrr a dhèanamh air toraidhean rannsachaidh is iomlaid eòlais.

### Tomhasan

- + Coileanadh san REF
- + Àireamhan is riarachadh nan oileanach rannsachaidh
- + Teachd a-steach o rannsachadh is iomlaid eòlais

### Ro-innleachd le fòcas

- + Rannsachadh, buaidh is iomlaid eòlais





# Iomairt is fàs

Bidh sinn nar n-oilthigh a choileanas gu mòr agus a bhios ùr-ghnàthach, agus sinn ag altram dòigh-smaoineachaidh thionnsgaineach sna h-oileanaich is an luchd-obrach againn agus air feadh nan coimhearsnachdan is nan com-pàirteachasan againn gus an toirear buaidh fhàbharach air an eaconamaidh is an comann-sòisealta.

Cuidichidh sinn a bhith a' toirt cruth-atharrachadh air na sgìrean againn le bhith a' leudachadh a' chothruim air foghlam aig gach ìre, a' toirt taic do dh'fheuman nam fastaichean sgìreil againn a thaobh sgilean, agus a' tàladh tàlant a-steach tro bhith a' leasachadh an t-suidheachaidh nàiseanta is chruinneil againn.

Togaidh sinn com-pàirteachasan torrach is buadhmhor a' toirt buaidh air atharrachadh fàbharach is co-obrachail tro chom-pàirteachadh ri buidhnean riaghaltais, stèidheachdan foghlaim, agus na coimhearsnachdan againn.



# Iomairt is fàs

## Na tha sinn a' cur romhainn

### Eugsamhlachadh teachd a-steach agus malairteachadh

- + Cothroman a chruthachadh is a ghlacadh a bhith a' cruthachadh is a' ruigsinn air tobairichean teachd a-steach ùra agus fàs ghnothachasan a bhios ion-obrachail a thaobh malairt, rud a lùghdaicheas ar n-eisimeileachd air maoineachadh o riaghaltas agus a chuireas ri seasmhachd na stèidheachd againn san fhad-ùine.
- + Sinn fhèin a chur barrachd am follais agus na h-ìrean tabhairt dhaon-ghràdhach againn àrdachadh tron chom-pàirteachadh is an co-òrdanachadh againn le tabhartachan, luchd-taice agus alumni.

### Trusadh is fàs oileanaich

- + Barrachd cudrom a chur sna gnìomhachdan trusaidh againn air UHI mar roghainn cinn-uidhe airson ionnsachadh, a' gabhail gu togarrach ris an diofar againn agus a' foillseachadh cho barraichte is a tha sinn ann an taic do dh'oileanaich agus na dh'fhiosraicheas oileanaich.
- + Na pròiseasan toirt a-steach againn a leasachadh gus am bi oileanaich barrachd san teis-meadhan aca agus gus am bi iad nas seanga a dh'ìomai luaths agus pearsantachadh an àm dhuinn a bhith a' dèanamh thairgsean.
- + Fàs a thoirt air com-pàirteachasan is trusadh ann an ceàrnaidhean ùra, san dùthaich seo agus aig an ìre eadarnaiseanta, gu sònraichte a chruthachadh agus a dh'ath-nuadhachadh trusadh ann an Ameireaga a Tuath, Àisia agus Lochlann.
- + Àiteichean fuirich a sholar air feadh nan sgìrean againn a bhios seasmhach a thaobh ionmhais mar thaic do na h-àrd-amasan againn airson trusadh oileanaich.

### Leasachadh eaconamach

- + A bhith aig ceann fàs an eaconamaidh na sgìre, a' solar cosnadh, slighean ionnsachaidh fad beatha, buaidhean a leanas o rannsachadh is ùr-ghnàthachadh agus a' cumail taic ri fàs na Gàidhlig agus a' chultair aice.
- + A bhith a' neartachadh na pàirte a chluicheas sinn ann am planadh coimhearsnachd agus a' cur ri lùghdachadh ann an neo-ionannachd, seirbheisean nas fheàrr agus trèanadh is leasachadh sgilean feabhasaichte.
- + Pàirt cho mòr is a ghabhas a bhith againn ann an cùmhnantan fàis agus an saor-phort uaine, agus sinn a' gnìomhachadh mar stèidheachd achrach sna sgìrean againn gus am faighear ath-bheothachadh is cosnaidhean de chàileachd àrd, malairt is tasgadh cruinneil, agus coimhearsnachdan piseachail, seasmhach.

### Com-pàirteachadh

- + Com-pàirteachadh nas làidire a bhith againn ris na h-alumni againn, agus sinn a' cur ri cothroman is a' toirt fàs air a' choimhearsnachd chruinneil againn de thosgairan alumni.
- + Dol an dàil chom-pàirtichean gus an cuir sinn piseach air cothroman gnòthachais seasmhach.
- + Dol an dàil Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba gus am faigh sinn ìrean iomchaidh de ghnìomhachd mhaoinichte a bheir taic do phlanaichean fàis stèidhichte air fianais ann am foghlam adhartach is àrd-ìre.
- + Cultar iomairt a fhreumhachadh le luchd-obrach is oileanaich agus san ullachadh againn aig gach ìre, le modhan ùr-ghnàthach a bhith a' liubhairt sgilean so-fhastachd is iomairt.

### Toraidhean air chionn 2030

- + A bhith nar n-iomanaiche airson fàs eaconamach agus ath-shlànachadh sòisealta san sgìre.
- + A bhith am measg na feadhna as motha a chuireas ri tàlant a ghleidheil agus a thàladh sna sgìrean againn.
- + Barrachd oileanaich a thàladh nach maoinear le CMA.
- + A bhith a' cur a-mach cheumnaichean misneachail, tionnsgaichean.
- + Com-pàirteachasan ro-innleachdail buadhmhor a lìonmhorachadh.
- + Sruthan teachd a-steach nas eugsamhla fhaotainn mar thaic do sheasmhachd ionmhasail san fhad-ùine.

### Tomhasan

- + Teachd a-steach malairteach
- + Teachd a-steach daon-ghràdhach/togail airgid
- + Àireamhan oileanaich

### Ro-innleachdan le fòcas

- + Leasachadh eaconamach
- + Trusadh is toirt a-steach oileanaich
- + Adhartachadh




# Seasmhachd àrainneachdail

Bidh sinn air chùis choimhearsnachdan seasmhach dùthchail is eileanach. Bidh sinn air thoiseach ann a bhith a' toirt taic do leasachadh eaconamach a bhios seasmhach a thaobh na h-àrainneachd ann an siostaman dùthchail cugallach tarsainn nan sgìrean againn, agus sinn a' dìon feadhainn de na h-eag-shiostaman as cudromaiche agus as motha brìgh aig an ìre chruinneil.

Bidh sinn a' dèanamh adhartas math air an rathad a bhith nar n-oilthigh 'aon phlanaid, neoni lom', tèarainte a thaobh lùtha agus ann an co-chòrdadh ri Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte.

Cuiridh sinn ri cuspairean nas fharsaingeach tarsainn a' chlàir-ghnothaich seasmhachd àrainneachdail agus dì-charbonachadh an eaconamaidh tro raointean neirt aithnichte a thaobh curaicealaim is rannsachaidh.

# Seasmhachd àrainneachdail



## Na tha sinn a' cur romhainnhainn

### Neoni lom is eadar-ghluasad cothromach

- + Seasmhachd a fhreumhachadh anns a h-uile raon den obrachadh againn gus an ruig sinn neoni lom air chionn 2040 agus sinn a' dèanamh cinnteach gum fàs seo na phàirt de na cleachdaidhean obrach as àbhaist agus an dòigh-smaointeachaidh nàdarra againn.
- + Cruinn-ionad Neoni Lom Gualain a chruthachadh do UHI a cho-thaobhas is a dh'amalaicheas na gnìomhachdan againn gus an coileanar toraidhean mòr-bhuaidhe, a' toirt fàs air comas ann an cuspairean rannsachaidh a tha cudromach a thaobh ro-innleachd agus a' luathachadh cruth-atharrachadh a' bhun-structair, nan so-mhaoinean, nan obrachaidhean is nan seirbheisean corporra againn.
- + Ceannardas a thoirt ann a bhith a' cur taic ri glèidhteachas spèiseasan, a tha fo bhuaidh atharrachadh sa ghnàth-shìde, mar eisimpleir tron t-sàr-eòlas rannsachaidh againn sa phàirt a chluicheas mòintichean ann a bhith a' maothachadh atharrachadh sa ghnàth-shìde.
- + Fàs a thoirt air bith-iomadachd le bhith a' riaghladh tìr nan àrainnean againn ann an dòigh a bheir eag-shiostaman fallain, piseachail.

### Ceannardas is com-pàirteachadh a thaobh seasmhachd

- + Dol an conaltradh ri com-pàirtichean a bheachdachadh air modhan sgìreil a bhith ag obair air fuasglaidhean a thaobh na h-àrainneachd, is sinn a' pàirteachadh nan cleachdaidhean as fheàrr agus stòrasan, a' gabhail a-steach nan ùghdarrasan ionadail sna sgìrean againn, companaidhean iomairt, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, gnìomhachas is luchd-ùidhe eile.
- + Co-obrachadh le oileanaich air cùisean leithid bochdainn connaidh, bochdainn is neo-ionannachd, a' ghnàth-shìde agus cosnaidhean a cho-fhreagras air eadar-ghluasad cothromach agus ceartas gnàth-shìde.

### Seasmhachd ann an sgilean, curaicealam agus rannsachadh

- + Cleachdaidhean teagaisg is modhan-foghlaim ùr-ghnàthach a chruthachadh a lùghdachadh an luirg gualain againn, sgilean seasmhachd a fhreumhachadh sa h-uile raon den churaicealam againn agus rannsachadh is ùr-ghnàthachadh buadhmhor adhartachadh a bheir taic don eadar-ghluasad chun eaconamaidhean neoni lom gualain.
- + Obrachadh le luchd-ùidhe cudromach gus am meudaich sinn comasachd sgilean na sgìre ann an lùth ath-nuadhachail, a' dealbhadh curaicealam is trèanadh ùr a thoirt taic do dh'iomairtean leithid ScotWind, prògram TalEntEd Chùmhnant Fàis nan Eilean agus Cothrom Chaolas Chrombaigh.

### Toraidhean air chionn 2030

- + A' dèanamh adhartas math air an rathad gus am bi UHI Tèarainte a thaobh Lùtha air chionn 2040.
- + A' cur gu gnìomhach ri bhith a' toirt air aghaidh Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte.
- + A bhith air thoiseach a thaobh seasmhachd a fhreumhachadh sa h-uile h-ìre den ullachadh againn.
- + Ceumnaichean a chur a-mach a bhios air an uidheamachadh le eòlas is sgilean airson cur ri barrachd seasmhachd san àm ri teachd.

### Tomhasan

- + Sgaoilidhean gualain
- + Bith-iomadachd ann am planaichean is riaghladh àitichean gorma airson nan àrainnean
- + Seasmhachd sa churaicealam

### Ro-innleachd le fòcas

- + Seasmhachd



# Sàr-mhathas obrachail

Bidh sinn nar buidheann làn amalaichte, sheasmhach a thaobh ionmhais le a h-aire air daoine a bheir seachad teagasg, rannsachadh is iomlaid eòlais air leth o bhunait dhiongalta nan seirbheisean proifeiseanta, siostaman is pròiseasan as fheàrr a ghabhas.



# Sàr-mhathas obrachail

## Prògram cruth-atharrachaidh

Tha sinn a' gabhail os làimh prògram farsaing de chruth-atharrachadh fo stiùir luchd-obrach is oileanaich gus am bi sinn nar n-oilthigh nas amalaichte is nas co-cheangailte.

Tro bhith a' tasgadh ann an seirbheisean, siostaman is oighreachdan, cruthaichidh sinn àrainneachd obrachaidh is ionnsachaidh cho-obrachail is comasaichte a chuireas am feabhas a h-uile h-eileamaid de fhèin-fhiosrachadh an luchd-obrach is nan oileanach againn agus an curaicealam againn, air stèidh a' chultair againn de cho-ionannachd, iomadachd is in-ghabhail do a h-uile duine.

## Na tha sinn a' cur romhainn

### Structaran, modhan-riaghlaidh agus seirbheisean cumanta

- + Modail obrachaidh ùr agus structaran riaghlaidh nas sìmplidhe a chur an gnìomh don chom-pàirteachas, a leigeas leinn a bhith ag obair mar aon bhuidheann.
- + Seirbheisean is siostaman cumanta agus modhan-obrachaidh bun-tomhasach airson phròiseasan in-mheadhanach a chur an gnìomh, agus iad air an sònrachadh agus air an stiùireadh le ro-innleachd is modail obrachaidh uile-chùiseach a' chom-pàirteachais.
- + Co-aonadh a shoirbheachadh eadar com-pàirtichean ann an UHI a bhios toileach gus an cruthaichear ionadan sàr-eòlais seasmhach a bheir caomhnaidhean tomaid aig an aon àm ri bhith a' freagairt fhathast air feuman àitichean fa leth.
- + Fàs a thoirt air co-phlanadh air feadh a' chom-pàirteachais mar bhunait do phròiseasan co-dhùnaidh èifeachdach a rèir fianais agus stèidhichte air dàta co-sheasmhach agus siostaman bun-tomhasaichte is modhan-obrach bun-tomhasaichte a thaobh lèirsinn air dàta agus fiosrachadh margaidh.
- + A bhith nar buidheann sheasmhach a thaobh ionmhais a nì co-riaghladh air stòrasan gus an ruig sinn air ar n-àrd-amasan.

### Daoine agus cultar

- + Cultar co-obrachail a chruthachadh far am bi an luchd-obrach is na h-oileanaich air fad a' mothachainn mar phàirt de aon stèidheachd nas fharsainge a tha a' cur ùidh sna sgìrean is an àrainneachd aice.
- + Co-ionannachd is in-ghabhail a chur am feabhas gus am bi an luchd-obrach is na h-oileanaich air fad air chomas an dreach as fheàrr a nochdadh orra fhèin, ge sam bith dè an cùl-raon sòiseo-eaconamach no am feartan fo dhìon.
- + Luchd-obrach a dhùaiseachadh airson coileanadh àrd, cothroman a thoirt dhaibh air fèin-leasachadh agus taic airson an leas, agus sinn a' dèanamh fastaiche den t-seòrsa as fheàrr san earrainn.
- + Cosnaidhean ionadail a dhìon tro bhith a' soirbheachadh modail far am faod luchd-obrach a bhith air an suidheachadh an àite bith sa chom-pàirteachas.
- + Frèam leasachaidh is prògram trèanaidh a chur an gnìomh air feadh a' chom-pàirteachais.

### Sàr-mhathas fiosaigeach is digiteach

- + Oighreachdan sàbhailte, sùbailte is in-ghabhalach a chruthachadh a bhios air an uidheamachadh gu math agus a bheir taic do liubhairt ar curaicealaim, ar rannsachadh is ar n-ùr-ghnàthachadh, agus fèin-fhiosrachadh barraichte don luchd-obrach is na h-oileanaich.
- + Tasgadh a dhèanamh sa chomas is an t-seasmhachd dhigiteach againn ann an raointean prìomhachais stèidhichte air fianais a sholairas teicneolasan ùr-nodha is comasachail a choinneachadh ris a' mhisean is an lèirsinn againn.

### Toraidhean air chionn 2030

- + Seasmhachd ionmhasail don chom-pàirteachas.
- + Caomhnaidhean obrachail air an dèanamh tro mhodhan-riaghlaidh seanga, co-aonaidhean, seirbheisean cumanta agus siostaman is modhan-obrachaidh singilte.
- + Luchd-obrach tàlantach is eugsamhail a thàladh is a ghleidheil.
- + Am piseach as fheàrr a ghabhas a chur air bun-structar fiosaigeach is sàr-mhathas digiteach.

### Tomhasan


- + Èifeachdas ionmhasail
- + Pròifil is riarachadh an luchd-obrach

### Ro-innleachdan le fòcas

- + Seasmhachd ionmhasail
- + Daoine is cultar
- + Co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhail



# Comharran Phrìomhachasan Ro-innleachdail (CPR)



**Teagasg, ionnsachadh is taic do dh'oileanaich**

**Buidh rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh**

**Iomairt is fàs**

**Seasmhachd àrainneachdail**

**Sàr-mhathas obrachail**



# Teagasg, ionnsachadh is taic do dh'oileanaich

## Comharran Phrìomhachasan Ro-innleachdail (CPR)

| Tomhas àrd-ìre                                    | Tomhas mionaideach                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                        | Targaid innseachail                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                               |
|---------------------------------------------------|-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|---------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| <b>CPR 1: Riarachadh oileanaich</b>               | Riarachadh oileanaich thar cheann o shuirbhidhean na h-earrainn                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                           | <p>2% nas àirde na cuibheasachd Shuirbhidh Riarachadh is Com-pàirteachadh Oileanaich na h-Alba (SSES) airson oileanaich foghlaim adhartaich</p> <p>2% nas àirde na cuibheasachd Shuirbhidh Nàiseanta nan Oileanaich (SNO) ann an Alba (foghlam àrd-ìre fo-cheum)</p> <p>Sna 5 stèidheachdan as àirde an Alba san t-Suirbhidh air an Fhèin-fhiosrachadh Theagaisgte Iar-cheum (PTES) agus an Suirbhidh Eòlas Rannsachaidh Iar-cheumnach (PRES)</p> |
| <b>CPR 2: Soirbheachadh oileanaich</b>            | <p>Oileanaich foghlaim adhartaich a' dèanamh dheth teisteanas aithnichte a chosnadh</p> <p>Feadhainn a' tighinn a-steach do dh'fhoghlam àrd-ìre làn-ùine is iad air chòmhnaidh an Alba a choisneas teisteanas no a thilleas chun ionnsachadh</p> <p>An cuibhreann de dh'oileanaich foghlaim adhartaich a leanas orra chun foghlam àrd-ìre</p> <p>An cuibhreann de dh'oileanaich foghlaim àrd-ìre a thig às na cùrsaichean foghlaim adhartaich againne</p> | <p>2% nas àirde na comharra-beinge foghlaim adhartaich na h-Alba</p> <p>A' bheàrn a dhruideadh ri cuibheasachd na h-earrainn an Alba</p> <p>Meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna</p> <p>Meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna</p>                                                                                                                                                                                                                |
| <b>CPR 3: So-fhastachd oileanaich</b>             | <p>Luchd-fàgail ann an cinn-uidhe fhàbharach (obair no tuillidh ionnsachaidh) o shuirbhidhean na h-earrainn</p> <p>Ceumnaichean o cheuman làn-ùine ann an dreuchdan proifeiseanta</p>                                                                                                                                                                                                                                                                     | <p>Cuibheasachd na h-Alba a ruigsinn airson cholaistean foghlaim adhartaich agus stèidheachdan foghlaim àrd-ìre</p> <p>A' bheàrn a dhruideadh ri cuibheasachd na h-Alba bliadhna an dèidh bliadhna</p>                                                                                                                                                                                                                                            |
| <b>CPR 4: Cothrom inntrigidh do dh'oileanaich</b> | <p>Cuibhreann an luchd-inntrigidh do cheuman fo-cheuma san sgìre obrachaidh againn</p> <p>Cuibhreann nan oileanaich a chuir eòlas air cùram</p> <p>Cuibhreann nan oileanaich à ceàrnaidhean mì-leasaichte</p> <p>Cuibhreann an luchd-inntrigidh do dh'fhoghlam àrd-ìre a' dèanamh co-altachadh le inbhe adhartach o cholaistean eile ann an Alba</p>                                                                                                      | <p>Meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna</p> <p>Targaidean thoraidhean foghlaim adhartaich is àrd-ìre Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba a ruigsinn</p> <p>Targaidean thoraidhean foghlaim adhartaich is àrd-ìre Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba a ruigsinn</p> <p>Targaid Riaghaltas na h-Alba de 75% a ruigsinn</p>                                                                                                                          |

## Buaidh Rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh

### Comharran Phrìomhachasan Ro-innleachdail (CPR)

| High level measure                                            | Detailed measure                                                                                                                                                            | Indicative target                                                                                                   |
|---------------------------------------------------------------|-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|---------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| <b>CPR 5: Frèam-obrach Sàr-mhathais Rannsachaidh (REF)</b>    | Coileanadh san REF – meud na chuirear a-steach agus a' phuing rangachaidh chuibheasach (PRC) a ruigear                                                                      | PRC chuibheasach de 3.0 agus meudachadh de 2% anns na chuirear a-steach de luchd-obrach co-ionann ri làn-ùine (CLÙ) |
| <b>CPR 6: Àireamhan is riarachadh oileanaich rannsachaidh</b> | Àireamh nan oileanach air ceuman rannsachaidh<br><br>Riarachadh oileanaich thar cheann an suirbhaidh na h-earrainn                                                          | Fàs de 10% (CLÙ) air chionn 2030<br><br>2% nas àirde na meadhan na h-earrainn                                       |
| <b>CPR 7: Teachd a-steach o rannsachadh is iomlaid eòlais</b> | Ìre is eugsamhlachadh an teachd a-steach o thabhartasan rannsachaidh agus iomlaid eòlais on taobh a-muigh agus soirbheachadh ann a bhith a' glacadh thabhartasan mòr-sgèile | 10% feadh 5 bliadhna (a' gabhail cunntas air maoineachadh rannsachaidh cuairteach)                                  |

## Iomairt is fàs

### Comharran Phrìomhachasan Ro-innleachdail (CPR)

| Tomhas Àrd-ìre                                             | Tomhas mionaideach                                                                                                                                                                              | Targaid innseachail                                                                                                                                                                                                                                                                                            |
|------------------------------------------------------------|-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| <b>CPR 8: Teachd a-steach o mhalairt</b>                   | Ìre iomlan an teachd a-steach o mhalairt                                                                                                                                                        | Meudachadh de 10% bliadhna an dèidh bliadhna                                                                                                                                                                                                                                                                   |
| <b>CPR 9: Teachd a-steach daon-ghràdhach/togail airgid</b> | An teachd a-steach a gheibhear o thiodhlaicean agus an teachd a-steach ann an airgead a gheibhear o dhaoine fa leth, urrasan is fonndasan agus tabhairtearan corporra                           | Figearan ri an dearbhadh                                                                                                                                                                                                                                                                                       |
| <b>CPR 10: Àireamhan nan oileanach</b>                     | Meudachd nan creideasan foghlaim adhartach<br><br>Àireamhan oileanaich co-ionann ri làn-ùine (CLÙ) riaghlachtaichte is neo-riaghlachtaichte a mhaoinichear le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba | An stairsneach as isle aig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a ruigsinn a thaobh chreideasan foghlaim adhartach a rèir an iùil maoineachaidh agus na h-iarraidh sgìreil<br><br>Na targaidean a ruigsinn a thaobh nan àireamhan co-ionann ri làn-ùine (CLÙ) a mhaoinichear le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba |

## Seasmhachd àrainneachdail

### Comharran Phrìomhachasan Ro-innleachdail (CPR)



| Tomhas àrd-ìre                                   | Tomhas mionaideach                                                                                                                               | Targaid innseachail                                                           |
|--------------------------------------------------|--------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|-------------------------------------------------------------------------------|
| <b>CPR 11: Sgaoilidhean gualain</b>              | Co-ionann dà-ogsaid charboin (CO <sub>2e</sub> agus/no gas taigh-glainne (GHG) ann an tunnaichean                                                | Lùghdachadh de 75% ann an sgaoilidhean CO <sub>2</sub> air chionn 2030        |
| <b>CPR 12: Bith-iomadachd air na h-àrainnean</b> | An tomhas -farsaingeachd ann am m <sup>2</sup> & % de thìr nan àrainnean a tha fo riaghladh airson bith-iomadachd agus in-chothromachadh gualain | 30%, air a' char as lugha, de thìr nan àrainnean fo riaghladh air chionn 2030 |
| <b>CRP 13: Curaicealam</b>                       | Cuibhreann nan cùrsaichean a ghabhas a-steach susbaint mu sheasmhachd/atharrachadh sa ghnàth-shìde                                               | 100% de na cùrsaichean air chionn 2030                                        |

## Sàr-mhathas obrachail

### Comharran Phrìomhachasan Ro-innleachdail (CPR)

| Tomhas àrd-ìre                                                               | Tomhas mionaideach                                                                                                                                        | Targaid innseachail                                                                                                                                                                                                                                            |
|------------------------------------------------------------------------------|-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| <b>CPR 14: Èifeachdas ionmhasail</b>                                         | Costasan luchd-obrach com-pàirteachais mar ceudad den teachd a-steach<br><br>Sruth-airgid a' chom-pàirteachais/ na buidhne ro-innleachdaich sgìreil (BRS) | Gu ìre mhòr anns an raon den dàrna cairteal de cho-mheasan cosgais airson oilthighean agus colaistean<br><br>Co-dhiù 60 latha de leachtachd rè ìre an atharrachaidh is an ath-bheothachaidh, a tha co-ionann ri cothromachadh airgid gun bhacadh de £6 millean |
| <b>CPR 15: Teachd-a-steach nach tig o Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba</b> | Cuibhreann an teachd a-steach nach tig o Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba/ Buidheann Thabhartasan Oileanaich na h-Alba (SAAS)                           | Figearan ri an dearbhadh                                                                                                                                                                                                                                       |





## **Com-pàirteachas UHI**

**UHI Earra-Ghàidheal**

**UHI Inbhir Nis**

**UHI Moireibh**

**UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall**

**UHI Peairt**

**UHI Sealtainn**

**Colaiste Arcaibh UHI**

**Colaiste Diadhachd na Gàidhealtachd HTC**

**Sabhal Mòr Ostaig**

**Comann Saidheans Mara na h-Alba**

**Far a bheil  
ionnsachadh  
a' ciallachadh  
barrachd**

---

UHI House, Old Perth Road, Inverness, Scotland IV2 3JH.

Companaidh earranta clàraichte an Alba Àir. 148203.

Àir. Carthannais Albannaich Chlàraichte SC022228, Àir. Cìs Luach Leasaichte.

Oifis chlàraichte: Taigh UHI, Seann Rathad Pheairt, Inbhir Nis, Alba IV2 3JH.

